



Ceistean

Taobh-duilleig 110.

1. (a) Dè tha sònraichte mu structar a' pharagraf "Chuir Ailean suas a làmh"?
- (b) Ciamar a tha an structar sònraichte seo èifeachdach?

Taobh-duilleig 110

"Chaidh monmhor thairis a' chlas mar ghaoith tron fheur air latha foghair."

- 2 (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh an seo?
- (b) Dè cho èifeachdach 's a tha an sgit-sgrìobhaidh?

Taobh-duilleig 110

3. Dè an abairt a tha a' sealltainn gun robh an tìdsear air a nàrachadh leis na thuirte Ailean?

Taobh-duilleig 110

“Rinn Ailean gàire magail...”

4. Dè tha an abairt seo ag innse dhuinn mu nàdar Ailein?

Taobh-duilleig 110

“meaban”

5. Sgrìobh facal eile a tha a' ciallachadh an aon rud ri *“meaban”*.

Taobh-duilleig 111

“Cha deigheadh càil mar siud seachad air an rasgal ud.”

6. Dè tha thu a' tuigsinn bhon abairt seo?

Taobh-duilleig 111

“E na sheasamh air beulaibh 2A agus ag òrdachadh gun sluigeadh an t-ùrlar e.

“Cuiribh na leabhraichean air falbh,” dh’òrdaich e.

7. (a) Ciamar a tha an tìdsear a’ faireachdainn aig an dearbh àm seo?

(b) Dè an dòigh a tha e a’ cleachdadh gu bhith a’ cleith nam faireachdainnean aige?

Taobh-duilleig 113

“Nuair a choimheadadh e ort leis na sùilean mòra a bha mar dà lòn anns a’ mhòintich...”

9. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh an seo?

(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an sgit-sgrìobhaidh seo?

Taobh-duilleig 113/114

10. Dè tha a’ sealltainn gu bheil co-fhaireachadh aig an neach-sgrùdaidh ris an tìdsear?

Taobh-duilleig 115

- 11. Dè an dòigh a chleachd an neach-sgrùdaidh gus leasan mu mhodh a theagasg do dh'Ailean?**

Taobh-duilleig 116

“Fhreagair Ailean gu h-iriosal.”

- 12. Aig deireadh na sgeulachd, dè tha a' sealltainn gu bheil Ailean air leasan ionnsachadh bhon neach-sgrùdaidh?**

Taobh-duilleig 116.

“Cha chluinn, cha chluinn,” fhreagair Ailean gu h-iriosal.

- 12. Dè tha seo ag innse dhuinn mu dheidhinn mar a bha Ailean a' faireachdainn a-nis?**